




Atharrachadh na gnàth-shìde

Dian-thachartas sìde co-cheangailte ri gnàth-shìde

Teinteán-raoin ann an Calafòrnia




Bratach Chalafòrnia



Hollywood



Disneyland



Pairc Naiseanta Yosmite



Drochaid
a' Gheata Èir

Stàit: Calafòrnia

Àireamh-sluaigh: (2020): 39, 576, 757

Seanadaircean SA: Dianne Feinstein (Deamocrataach)


Kamala D. Harris (Deamocratach)
– Iarr-cheann-suidhe nan SA

Dealbhan: Wikimedia, National geographic



2020 CAL FIRE Fios mu Theintean

- ➊ 4, 257, 863 acairean fearainn air an losgadh, a rèir tuairmse.
Farsaingeachd do-chreidsinneach a chaidh a losgadh ann an teintean fior luath, fiadhaich nach gabhadh ceannsachadh.
- ➋ 9, 917 tachartasan
- ➌ 33 bàsan
- ➍ 10, 488 togalaichean air am milleadh no an sgrios
- ➎ Aig deireadh na bliadhna bha faisg air 10,000 teine air còrr is 4.2 milleanan acairean a losgadh
- ➏ 2020 an seusan theintean-raoin bu mhiosa riamh ann an nuadh-eachdraidh Chalafòrnia
- ➐ Chaidh “giga-theine” a thoirt air Teine Iomadh-fhillte Lùnastal 2020 ann an Calafòrnia leis gun deach còrr is millean acair a losgadh
- ➑ Chaidh an teine tarsainn air seachd siorrhachdan, sgìre a tha nas mothà na stàit Rhode Island





Teintean-raoin

Ann an 2020 bha aithrisean ann mu theintean mòra san Amazon, ann an Calafòrnia agus cuideachd san RA. Bha fiù 's an sgìre taobh a-staigh Cearcall na h-Artaig a' fulang theintean neo-àbhaisteach; an dèidh don bhuan-reothadh leaghadh bha raintean mòra de mhòinteach làn carbon ris; bha seo na chonnadh a bharrachd agus na stòr ùr glè mhòr de ghasaichean taigh-glainne a bha gan leigeil mu sgaoil.

Teintean-raoin ann an Calafòrnia

Ann an Calafòrnia bha stoirm dealanaich neo-àbhaisteach ann am meadhan an Lùnastail, ron àm as miosa airson theintean as t-fhoghar. Thòisich e ceudan de theintean beaga a chaidh còmhla mu dheireadh ann an teintean fìor mhòr.

Chaidh còig de na sia teintean bu mhotha san stàit a chlàradh ann an 2020. B' e sin an seusan theintean bu mhiosa a chaidh a chlàradh riamh. Mus robh e seachad bha na lasraichean air 31 daoine a mharbhadh, bha còrr is 10,000 togalach air a mhilleadh no air a sgrios, agus chaidh còrr is 4.1 m acairean a losgadh!



Dh'fhàs Teine lomadh-fhillte an Lùnastail gu còrr is millean acair, agus b' e a' chiad teine a chaidh ainmeachadh mar giga-theine.

Teintean Eadar-dhealaichte

Tha na teintean a tha ann a-nis eadar-dhealaichte. Tha iad air an adhbharachadh le dian-theas nach fhacar roimhe. Bidh iad a' gluasad gu luath, a' losgadh le teas cianail, agus a' dèanamh milleadh mòr, mòr, a' slugadh bhaltean slàn.



Tha luchd-saidheans a' co-dhùnadh gu bheil fianais chunbalach ann gu bheil an t-side thioram, theth ag adhbharachadh theintean-raoin a tha a' fàs nas miosa agus nas bitheanta air sgàth atharrachadh na gnàth-shìde.

Dealbhan:Shutterstock



Atharrachadh na gnàth-shìde



Fear-smàlaidh a tha gu math beag an coimeas ri toit teine Dixie ann an Calafòrnia a Tuath

Am fear as mothà de na teintean – teine Dixie, fuamhaire a loisg 725,822 acairean a tuath air Sacramento, an dàrna teine as mothà ann an eachdraidh teintean-raoin Chalafòrnia.

Chaidh còrr is 680 dachaigh a sgrios leis an teine ann am mìos.

Buaidh nan Teintean

Bha e doirbh buaidh nan teintean a sheachnadh 's a bhuaidh sin a' ruigheachd ceudan mhìltean bhon teine-raoin. Fad sheachdainean bha toit thiugh san adhar thairis air ceudan mhìltean. Air sgàth an èadhair thruailte bhàsaich na ceudan, agus ann an sgìre Bèagh San Francisco bha dath orains air na speuran airson grunn lathaichean.

Seusan nan Teintean-raoin

Tha seusan nan teintean-raoin ann an Calafòrnia a Tuath agus a Deas rud beag diofraichte, ach tha àirde an t-seusain eadar an t-luchar agus an t-Samhain. 'S ann anns na mìosan sin a bhios gaothan Santa Ana agus Diablo a' bualadh na stàit. Bidh na gaothan teth, tioram sin a' sèideadh nan teintean-raoin a tha a' tòiseachadh air feadh Chalafòrnia. Chan eil an seusan seachad gus an tig stoirmmean-uisge an fhoghair san Dàmhair agus san t-Samhain.

Dealbhan: Los Angeles Times



A' fàs Suas ri Dian-theas nas Teotha

Gus iad fhèin a dhòn, feumaidh muinntir Chalafòrnia fàs suas ri dian-theas nas teotha na bh' ann riamh agus cunnart ro theintean-raoin tron bhliadhna gu lèir.

Thatar a' moladh dhaibh gun dèan iad deiseil airson an taighean fhàgail ma tha cunnart ann gun teid an slugadh le teine, le bhith:

- ➊ A' toirt air falbh fas-bheatha timcheall na dachaigh
- ➋ A' didseatachadh sgriobhainnean cudromach
- ➌ Ag ullachadh pasgan èiginn de stuth
- ➍ A' dèanamh plana gus ceangal a dhèanamh a-rithist feedhainn dhen teaghach ma thèid an sgaradh



A' beagachadh a' Chunnaire

Tha aonta farsaing saidheansail ann gum bu chòir barrachd losgadh riaghlaichte tachairt ann an coilltean Chalafòrnia airson an cunnart ro theine a bheagachadh. Tha e aithnichte gu bheil atharrachadh na gnàth-shìde agus droch chleachdaidhean ann an stiùireadh nan coilltean a' cur ri cho dona 's a tha na teintean.

Tha dòighean gan leasachadh airson a' choltachd gum bi mòran theinntean tro mhìosan seusan nan teinntean a mheasad. 'S dòcha gum bi ro-aithris air buaidh na sìde fhathast, cho math ri ro-aithris thraigheanta air an t-sìde.



Ma tha dùthchannan gu bhith a' fulang theintean-raoin nas miosa mar a tha a' ghnàth-shìde ag atharrachadh, bidh na ro-aithrisean sin còmhla a' cur cheumannan an gnìomh gus stad a chur air teintean töiseachadh le mearachd agus sgapadh.

Feumar ceumannan a ghabhail ma tha dùil ri barrachd theintean-raoin mar a tha an saoghal a' blàthachadh. Tha fios againn gun dèan tuilleadh theintean-raoin a' ghnàth-shìde nas blàithe buileach. Bidh casg air teintean a' lùghdachadh na tha de charbon dà-ogsaid a bharrachd air a leigeil dhan àile le teintean-raoin.

Dealbhan: LA Times, CalFire